

25 Giblean 2023

An Dr Gillian Rothach
Prionnsabal is Àrd-oifigear
Sabhal Mòr Ostaig (SMO)

An Dr Rothach chòir,

Thadhail sgioba de Luchd-sgrùdaidh an Rìgh bho Fhoghlam Alba air SMO sa Ghearran 2023 air Turas Com-pàirteachaidh Bliadhnail. Rè an turais againn, bhruidhinn sinn ri luchd-ionnsachaidh, luchd-obrach agus luchd-ùidhe, agus dh'obraich sinn gu dlùth ris na h-àrd-mhanaidsearan.

Fhuair an sgioba-sgrùdaidh na neartan mòra a leanas ann an obair na colaiste:

Fastadh

Tha a' cholaiste a' leantainn air adhart a' fastadh gu math air prògraman Foghlam Adhartach (FE) na Gàidhlig. Bidh luchd-obrach na colaiste a' toirt fa-near do phrìomhachasan ionadail, nàiseanta, is roinneil ri linn dealbhadh a' churricéalaim. Tha pàirt dheamach aig SMO ann a bhith a' cumail taic ris na prìomhachasan nàiseanta airson na Gàidhlig mar a tha iad air am mìneachadh sa Phlana Nàiseanta Gàidhlig (2018-2023). Tha manaidsearan a' toirt fàs air na cùrsaichean goirid air loidhne, còmhnaidheach agus prògraman sònraichte gus ruigsinneachd na colaiste mheudachadh. Tha manaidsearan na colaiste air dàimhean dlùtha a leasachadh le grunn àrd-sgoiltean ionadail. Tha luchd-obrach margaideachd ag aithneachadh cho luachmhor 's a tha e barrachd feum a dhèanamh de na meadhanan sòisealta airson prògraman adhartachadh. Rinn luchd-obrach na colaiste ath-dheasachadh air an làrach-lìn a tha a-nis a' tabhann ùrlar nas sìmplidhe 's nas soilleire airson com-pàirteachadh ann am prògraman foghlam adhartach SMO a bhrosnachadh. Tha luchd-ionnsachaidh ag aithris gu bheil iad uile gu lèir riarachaidh leis mar a thathas a' dèiligeadh ri tagradh is clàradh agus mar a tha luchd-obrach a' dol an sàs riutha. Thuit beagan luchd-ionnsachaidh gun robh leabhar-làimhe An Cùrsa Inntigidh feumach air ùrachadh gus a dhèanamh na b' fhasa a chleachdadh. Dh'aithnich luchd-obrach gum feumar dèanamh cinnteach gu bheil stuthan air an làrach-lìn freagarrach do luchd-cleachdaidh an ruighinn tro innealan-làimhe.

Gleidheadh

Bidh oidean a' cumail taic ri luchd-ionnsachaidh gu math tro bhuidhnean oideachaidh air loidhne. Bidh manaidsearan na colaiste a' cur prògram an gnìomh le deagh structar a chumas taic ri inntigeadh luchd-teagaisg is luchd-taice. Bidh oidean a' cumail sùil air adhartas an luchd-ionnsachaidh gu cunbhalach tro na cùrsaichean aca. Mar thoradh air seo tha luchd-ionnsachaidh air am brosnachadh gu mòr agus tha làn fhios aca dè dh'fheumas iad dèanamh gus a dhol air adhart dhan ath-ìre den ionnsachadh aca. Tha luchd-ionnsachaidh ag aithris gu bheil na stuthan ionnsachaidh de dh'àrd-chàileachd agus gum faighear cothrom orra gu soirbh. Tha iad air an dealbhadh gu math gus taic a chumail ri luchd-ionnsachaidh ann a bhith ag ionnsachadh air astar no ann an àite a tha a' freagairt air na feumalachdan

aca. Tha beagan luchd-ionnsachaidh air na prògraman FA a thugadh a-steach o chionn ghoirid a' coisinn eòlas-obrach luachmhor le fastaichean ionadail. Tha taic airson soirbheas is comhairleachadh air làrach no air loidhne ri fhaighinn gu h-iomchaidh, a' leigeil le luchd-ionnsachaidh cothrom fhaighinn air taic nuair a dh'fheumas iad e. Tha manaidsearan na colaiste air taic ionmhasail a thoirt do Chomann nan Oileanach (SA) gus tachartasan sòisealta a chur air dòigh. Chaidh iad seo a chumail as t-samhradh agus bha iad soirbheachail ann a bhith a' cuideachadh gus am faireachadh de coimhearsnachd a bhrosnachadh. Bidh a' mhòr-chuid de luchd-ionnsachaidh a' faighinn deagh fhios air ais mun ionnsachadh aca bho luchd-obrach, ged a dh'aithris cuid dhiubh nach eil oidean an-còmhnaidh a' freagairt taobh a-muigh a' chlàir-oideachaidh. Tha fios air ais an luchd-ionnsachaidh air a chleachdadh gu math. Tha luchd-obrach air togail air dùnadh na colaiste ri linn a' phandemic gus taic a thabhann do luchd-ionnsachaidh aig àm a tha a' freagairt air na feumalachdan aca.

Buileachadh

Tha an reat buileachaidh iomlan den luchd-ionnsachaidh air prògraman foghlaim adhartaich pàirt-thìde 6% nas àirde na ìre àbhaisteach na roinne, le 80% de luchd-ionnsachaidh a' crìochnachadh a' phrògram aca gu soirbheachail. Tha manaidsearan air curraicealam na colaiste a dhealbhadh gus puingean eadar-ghluasad a thoirt a-staigh do luchd-ionnsachaidh aig ìrean 4, 5 is 6 ann am prògram A' Chùrsa Inntigidh. Tha seo a' cuideachadh gus taic a chumail ri ìrean àrda de bhuileachadh luchd-ionnsachaidh. Bidh manaidsearan na colaiste a' cur an gnìomh prògram Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd a tha ag amas air sgilean oide a leasachadh ann am modhan teagaisg bhogaidh, eòlasan-teagaisg stèidhichte air dian-cànain agus cleachdadh ICT ann an teagasg is ionnsachadh. Chaidh "caraidean cànain" a chur air dòigh gus luchd-ionnsachaidh a chuideachadh ann a bhith a' còmhradh ri luchd-labhairt na Gàidhlig a tha nas comasaiche agus a' fàs nas misneachaile agus nas fhileanta sa chànan aca.

Tha cha mhòr a h-uile neach-ionnsachaidh riarachtaichte leis an dà chuid mar a tha iad ag ullachadh airson measadh agus am fios air ais a gheibh iad mun adhartas aca. Tha deagh dhaimhean le luchd-obrach is fastaidhean a thaobh luchd-ionnsachaidh air prògraman preantasachd. Bidh luchd-obrach a' tionail fiosrachadh bho fhoirmean fios air ais aig an luchd-ionnsachaidh agus bidh iad a' roinn nan ceuman iomchaidh airson leasachadh le sgiobaidhean ionnsachaidh is luchd-taice. Tha luchd-obrach air na sgilean aca ann an libhrigeadh foghlaim air astar a leasachadh gu math. Mar thoradh air seo tha tuilleadh ghoireasan rim faotainn do luchd-ionnsachaidh tro libhrigeadh air loidhne.

Adhartas

Tha a' mhòr-chuid de luchd-ionnsachaidh a' dol air adhart dhan ath-ìre de chùrsa ann an SMO. Tha com-pàirteachadh soirbheachail le fastaichean a' cumail taic ri luchd-ionnsachaidh gus a dhol air adhart gu fastadh no tuilleadh ionnsachaidh san oilthigh. Mar eisimpleir, faodaidh luchd-ionnsachaidh Phreantasachdan Bunaiteach a dhol air adhart gu trèanadh tidseir no trèanadh leasachadh chloinne sna tràth-bhliadhnaichean. Tha luchd-obrach na colaiste air grunn chùrsaichean goirid a dhealbhadh ann an co-bhann ri fastaichean ionadail aig a bheil iarrtas airson luchd-labhairt na Gàidhlig. Thathas a' brosnachadh oileanaich a tha ann an-dràsta pàirt a ghabhail ann an sgoiltean samhraidh, gus am brosnachadh airson leantainn orra le an cuid ionnsachaidh, agus gan ullachadh gu math airson na h-ath ìre de dh'ionnsachadh. Tha àrd-luchd-obrach a' cumail taic ri SA am bliadhna gus lìonra luchd-ionnsachaidh Gàidhlig a chur air dòigh am feadh gach ionad foghlaim treas-ìre ann an Alba. Ged a tha an obair seo aig ìre thràth tha i a' tòiseachadh air faireachadh coimhearsnachd a thogail agus tuilleadh chothroman a thoirt do luchd-ionnsachaidh gus Gàidhlig a cleachdadh agus fàs nas fhileanta ann. Bheir oidean fiosrachadh cuideachail do luchd-ionnsachaidh a thaobh na h-ath cheuman rim faotainn dhaibh. Bidh iad cuideachd gan dèanamh mothachail air raon de cheanglaichean gnìomhachais agus mar a thèid iad air adhart gu foghlam adhartach. Bidh àrd-luchd-obrach ag obair gu math le raon farsaing de chom-pàirtichean gus dèanamh cinnteach gu bheil an curraicealam buntainneach agus ag adhbharachadh raon iomchaidh de chinn-uidhe feumail. Tha deagh fhiosrachadh air a thoirt seachad do luchd-ionnsachaidh mu na h-ath cheuman ann an ionnsachaidh, 's iad a' clàradh air prògraman. Leis gur e fileantachd sa Ghàidhlig an t-amas fad-ùine aig cha mhòr a h-uile neach-ionnsachaidh ann am foghlam adhartach, tha an t-sanasachd seo bho thoiseach nam prògraman a' cuideachadh le bhith a' toirt seachad fiosrachadh soilleir agus tha e a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh gus adhartas a dhèanamh.

Chaidh na raointean a leanas a chomharrachadh airson leasachadh agus a dheasbad leis na h-àrd-mhanaidsearan:

- Chan eil geàrr-thuairisgeul an luchd-ionnsachaidh airson prògraman na shamhla den raon iomlan de luchd-ionnsachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann. Mar sin, feumaidh obair-margaidheachd na prìomhachasan aig SMO agus Riaghaltas na h-Alba a shamhlachadh ann an dòigh nas coileanta.
- Chan eil luchd-ionnsachaidh mothachail gu leòr air rèiteachaidhean dìona no na modhan a tha ann gus taic a chumail riutha fhad 's a tha iad ag ionnsachadh ann an àrainneachd air loidhne.
- Tha an reat iomlan de luchd-ionnsachaidh a' tarraing à prògraman foghlaim adhartach pàirt-thìde 4% nas àirde na tha àbhaisteach dhan roinn.
- Chuireadh beagan luchd-ionnsachaidh fàilte air tuilleadh chothroman tron chùrsa gus fios air ais a thoirt seachad agus atharrachaidhean a mholadh a dh'fhaodar a dhèanamh ann an deagh-àm.
- Tha tòrr luchd-ionnsachaidh ag aithris nach eil càileachd an ionnsachaidh agus teagaisg cunbhalach am feadh nam buidhnean oideachaidh.
- Tha reat buileachadh an luchd-ionnsachaidh air prògraman Phreantasachdan Bunaiteach ìosal.

- Thuir beagan luchd-ionnsachaidh gun cuireadh iad fàilte air meudachadh san àireamh de chlasaichean còmhraidh a tha rim faotainn mar thaic do leasachadh an cuid sgilean cànan.

Dè thachras a-nis?

Tha misneachd againn gu bheil a' cholaiste air adhartas riarachail a dhèanamh agus gu bheil comas aice air fàs nas fheàrr fhathast. Leanaidh sinn oirnn a' sgrùdadh adhartas le conaltradh cunbhalach ri Neach-sgrùdaidh an Rìgh co-cheangailte.

Margaret Rose Livingstone
Neach-sgrùdaidh an Rìgh